



Bhon a thàinig iad a-steach ann an 2007 tha Riaghaltas na h-Alba air:

- cur às don chùis luchd-ceuma agus air tabhartasan a chur an àite iasadan do dh'oileanaich pàirt-ùine, a' toirt sochair do suas ri 70,000 oileanach
- £16 millean a thoirt do stèidhean gach bliadhna airson taic a thoirt do dh'oileanaich ann an dìth
- urraicealam airson Sàr-mhathais a thoirt a-steach, an t-ath-leasachadh as motha a rinneadh air siostam foghlaim na h-Alba ann an ginealach, a tha ag amas air piseach a thoirt air ionnsachadh is teagasg. Bheir e foghlam farsaing, coitcheann don h-uile leanabh is neach òg a chuidicheas iad a' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach



- frèam-obrach chothroman lèirsinneach a thoirt a-steach an co-bhonn le ùghdarrasan ionadail na h-Alba airson clann a chuideachadh a' faighinn an toiseach tòiseachaidh as fheàrr nam beatha agus bunait làidir a thogail airson soirbheachadh na h-Alba san àm ri teachd

- Leasachadh Sgilean na h-Alba a stèidheachadh, buidheann sgilean nàiseanta a bhrosnaicheas coileanadh agus co-obrachadh nas fheàrr air sgilean

PRÌOMH CHEISTEAN

Dè na dòighean 's an toireadh Alba neo-eisimeileach barrachd piseach air cothroman foghlaim is ionnsachadh fad-beatha?

Dè na dòighean 's am b' urrainn do dh'foghlaim is ionnsachadh fad-beatha amaladh ri, no taic a thoirt seachad do, raointean poileasaidh eile ann an Alba neo-eisimeileach?

Ciamar a b' urrainn do na siostaman shochairan agus sgilean is ionnsachaidh fad-bheatha obair còmhla gus daoine a tha fo anacothrom san t-siostam an-dràsta a chuideachadh nas èifeachdaiche?

Ciamar a bhiodh dleastanas Albannach airson Trusadh Chìsean gar cuideachadh gus siostam taic ionmhasail nas fheàrr a thoirt do dh'oileanaich air tuarastal iosal le clann?



FIONA HYSLOP BPA

RÙNAIRE A' CHAIBINEIT AIRSON FOGHLAIM AGUS IONNSACHADH FAD-BHEATHA

Is e sluagh na h-Alba an stòras as prìseil a th' againn agus ar feart eaconamach as motha. Feumaidh ar clann an toiseach as fheàrr a ghabhas fhaighinn nam beatha, agus feumaidh foghlam na cothroman a thoirt dhaibh gus am bi iad soirbheachail ann an ionnsachadh, misneachail annta fhèin, ciallach mar shaoranaich agus èifeachdach mar mhuinntir na coimhearsnachd.

Tha deagh chliù aig an t-siostam foghlaim againn air feadh an t-saoghail – agus tha e airidh air an urram sin – ach chan fhaod sinn a bhith somalta agus an saoghal cho farpaiseach agus caochlaideach. Sin an t-adhbhar a tha Riaghaltas na h-Alba ag obair a dh'ionnsaigh foghlam, trèanadh is ionnsachadh fad-beatha a tha freagarrach don 21mh Linn.

Tha sinn a' cur cùisean an gnìomh airson toiseach tòiseachaidh làidir a thoirt don h-uile leanabh agus foghlam sgoile a thoirt dhaibh a chuidicheas iad a bhith soirbheachail agus na sgilean a dh'fheumas iad fhaighinn airson a bhith nam pàirt tharbhach den chomann shòisealta. Tha sinn cuideachd a' strì gus cur às do bhacaidhean a tha a' cur stad air daoine a bhith a leasachadh an cuid sgilean agus a' ruighinn àirde an comais.

Tha tiomnadh cumhachd air sealltainn gun urrainn do Phàrlamaid is Riaghaltas na h-Alba, a' co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail agus com-pàirtichean eile anns na roinnean prìobhaideach is saor-thoileach, na co-dhùnaidhean ceart a dhèanamh airson foghlam na h-Alba. Tha seo a' sealltainn



A' taghadh Àm Ri Teachd na h-Alba
Còmhradh Nàiseanta www.anationalconversation.com

Àm Ri Teachd na h-Alba: Gabh Pàirt san Deasbad

Foghlam Agus Ionnsachadh Fad-Bheatha



FACAL BHON PHRÌOMH Mhinistear

FÀILTE OIRBH DON CHÒMHRADH NÀISEANTA - COTHROM GUN SAMHAIL DHUIBH BEACHDACHADH IS DEASBAD AIR NA CÙISEAN AS CUDROMAICHE A THA A' TOIRT BUAIDH AIR ALBA

Thar nan deich bliadhna a chaidh seachad tha Pàrlamaid na h-Alba air sealltainn mar a dh'fhaodas Alba a riaghladh fhèin gu soirbheachail le bhith a' lorg fhuasglaidhean sònraichte is innleachdach do chùisean a tha cudromach do dh'Alba.

Tha mise pròiseil gur mi Prìomh Mhinistear na h-Alba agus moiteil às na choilean sinn anns an ùine sin. Le bhith a' cur às do chùisean oideachaidh, libhrigeadh cùram do sheann daoine, bacadh àrdachadh na cìse coimhearsnachd, gearradh reataichean gnòthaich, solarachadh an àireamh oifigearan poileis as àirde a bh' againn riamh agus dèiligeadh ri cùisean slàinte is foghlaim, tha mise a' creidsinn gu bheil Pàrlamaid is Riaghaltas na h-Alba air diofar susbainteach a dhèanamh do bheatha an t-sluaigh.

Ach is e slighe a th' ann an tiomnadh cumhachd, chan e tachartas a-mhàin, agus seo an t-àm airson ath-bhreithneachadh agus ath-neartachadh dleastanasan Pàrlamaid na h-Alba.

Tha an èiginn eaconamach a th' ann an-dràsta air sealltainn gu

soilleir an iomadh laigse anns an rèite bhun-reachdail a th' againn. Chan eil ach glè bheag comais aig Alba reataichean cìse isleachadh airson spreigeadh fiosgaileach a bhrosnachadh. Chan urrainn dhuinn iasad airgid fhaighinn gus obraichean poblach a mhaoineachadh, no atharrachadh a dhèanamh air sochairean, peinnsean no creideasan cìse a rèir feumalachdan na h-Alba. Tha Alba an eisimeil cho-dhùnaidhean a nithear le Riaghaltas na Rioghachd Aonaichte aig Westminster.

Chan eil ach beagan roghainn againn cuideachd air cùisean leithid atharrachadh cliomaid, ana-caitheamh deoch làidir agus tasgadh ann an connadh so-urachaidh.

Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir do dh'Alba a bhith ionnan ri dùthaich neo-eisimeileach Eòrpaich sam bith eile, ag obair ann an com-pàirteachas le ar nàbaidhean, le ar guth fhèin agus le làn chomas feumalachdan sluagh ar nàisein fhèin a choileanadh. Sin an t-adhbhar a tha sinn airson referendum a chumail aig deireadh 2010, gus am faigh sibhse cothrom air co-dhùnadh.

Ach dè tha Alba neo-eisimeileach a' ciallachadh dhuibhse?

Tha an Còmhradh Nàiseanta ann airson fiosrachadh a thoirt dhuibh, èisteachd ri bhur beachdan agus cothroman deasbaid a libhrigeadh air cùisean anabarrach cudromach do àm ri teachd na h-Alba. Tha sinne a' creidsinn gu bheil feum air sin gus am faigh sibhse air roghainn *bheachdail* a dhèanamh anns an referendum.

Tha a' bhileag seo na pàirt den phròiseas leantailach sin a tha gar cumail fiosrach mu na cothroman agus a' bhuaidh a bhios aig Alba neo-eisimeileach.

Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' deasbad nan ceistean sin leibh.

Alex Salmond

Am Fìor Urramach Ailig Salmond BPA

Foghlam ann an Alba

Tha feum air sluagh-obrach a tha foghlamaichte is sgileil ma tha Alba dol a chur fàs eaconamach seasmhach am meud. Tha e deimhinnte gu bheil tasgadh ann am foghlam òg, sgoiltean is foghlam adhartach is àrd-ìre a' toirt buaidh air comasan cosnaidh agus tarbhachd dhaoine agus, air los sin, buaidh air fàs gnothaich. Tha foghlam is ionnsachadh fad-beatha cuideachd a' leigeil le daoine adhartas a dhèanamh agus làn phàirt a ghabhail sa chomann shòisealta.

Tha siostam foghlaim foirmeil na h-Alba gu math eadar-dhealaichte bhon chòrr den RA. Thar iomadh bliadhna tha frèam-obrach curraicealaim is siostam theisteanas air a bhith aig Alba dhi fhèin, le foghlam riatanach aig ìre bun- is àrd-sgoile a bha de dh'fhaid eadar-dhealaichte,

siostam dheuchainnean sgoile eadar-dhealaichte agus cùrsaichean ceuma na b' fhaide. Nuair a thàinig tiomnadh cumhachd ann an 1999, fhuair Pàrlamaid na h-Alba ùghdarras reachdail airson an t-siostam foghlaim gu lèir.

Tha 43 colaiste agus 20 stèidh foghlaim àrd-ìre an Alba a' libhrigeadh ionnsachadh, teagasg, rannsachadh agus sgaoileadh eòlais a tha a' cur ri meudachadh ann am fàs eaconamach seasmhach. Tha taic oileanach air a thiomnadh ged a tha iasadan oileanach air am maoineachadh le Roinn an Ionmhais.

A thuilleadh air an t-siostam foghlaim foirmeil tha dleastanas air Riaghaltas na h-Alba airson foghlam ro-sgoile, cùram cloinne, seirbheisean cloinne, an siostam èisteachdan cloinne, obair shòisealta, obair òigridh,

foghlam coimhearsnachd (a' gabhail a-steach litearras inbhich) agus trèanadh is leasachadh sgilean.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair gu dripeil leis na cumhachdan a th' aca an-dràsta airson cothroman soirbheachaidh a leudachadh do dhaoine ann an Alba bho àraich gu foghlam fad-beatha, a' ciallachadh coileanadh nas fheàrr airson barrachd dhaoine.

Ach, tha an rèite bhun-reachdail a th' againn an-dràsta a' cuingealachadh ar comais. Tha prìomh chumhachdan a dh'fheumar gus farpaiseachd na h-Alba a neartachadh san fhad-ùine agus dèiligeadh ri bochdainn agus às-dùnadh sòisealta, a' gabhail a-steach cumhachdan iasaid agus an siostam chisean is shochairan, fhathast glèidhte aig Riaghaltas na RA.



Comas Cosnaidh agus Seirbheisean Fastaidh

Bheireadh dleastanas airson an siostam chisean is shochairan, a' gabhail a-steach creideasan cise, cothrom do Riaghaltas na h-Alba dèiligeadh ris a' bhochdainn ann an dòigh nas èifeachdaiche agus daoine as urrainn obair a chuideachadh gus àirde an comais a ruighinn tro chosnadh.

Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom do dh'Alba amaladh nas fheàrr a dhèanamh air

foghlam, trèanadh is leasachadh sgilean agus seirbheisean fastaidh.

Tha comas cosnaidh an-dràsta na ghnòthach tiomnaichte, ach tha cion cosnaidh agus seirbheisean Ionad Obrach Plus glèidhte. Nam biodh na seirbheisean sin tiomnaichte cuideachd b' urrainnear a h-uile seirbheis lorg is taic obrach agus leasachadh sgilean amaladh gu h-èifeachdach. Lùghdaicheadh seo biùrocrasaidh agus bhiodh seirbheisean nas tàbhachdaiche.

Siostam Chreideas an Cise

Tha an siostam chreideas an cise san RA an-dràsta a' faighinn càineadh fad is farsaing airson a bhith cumhang a thaobh inntigridh agus toinnte a thaobh libhrigidh. B' urrainn do dh'Alba neo-eisimeileach an siostam a dhèanamh nas simplidh, a' gabhail a-steach mar a tha pàrantan a' faighinn taic le cosgais cùram cloinne, duilgheadas a tha tric a' ciallachadh nach eil mòran luach ann an obair do phàrantan air tuarastal ìosal .



In-imrich

Tha siostam ùr an RA airson in-imrich, stèidhichte air puingeon, air uallaich ùra a chur air oileanaich eadar-nàiseanta, colaistean is oilthighean, rud a tha a' bagairt cron a dhèanamh air cliù na h-Alba mar dhùthaich tharraingeach, furanach air feadh an t-saoghail. Bheireadh Alba neo-eisimeileach na cumhachdan dhuinn airson siostam in-imrich a chruthachadh a bha a' freagradh ar feumalachdan fhèin na b' fheàrr.

Imeachd Beatha

Bhiodh cumhachdan aig Alba neo-eisimeileach na dòighean san robh daoine a' faighinn taic ionmhasail aig àm imeachd beatha a dhèanamh nas simplidhe, is dòcha le sùil ri aon siostam pàighidh aonaichte aig a' cheann thall. Bhiodh amaladh air na riaghailtean is dòighean-obrach a' buntainn ri sochairan fastaidh is taigheadais, brosnachaidhean

trèanadh, taic oileanach agus taic fastaidh, a' libhrigeadh slighe shoilleir a dh'ionnsaigh cosnadh. Bhiodh seo cuideachd na dhòigh sheasmhach airson daoine fa leth a chuideachadh aig an robh feumalachdan a bharrachd, a' gabhail a-steach daoine le ciorram, le dleastanasan cùraim agus cùram cloinne.

Taic Oileanach

Bheireadh Alba neo-eisimeileach dhuinn làn dleastanas airson an t-siostam taic oileanach, gun feum a bhith a' sireadh cead Riaghaltas na RA ann an cùisean leithid reataichean riadh iasadan, agus stairsnichean-diòlaidh. Le smachd air iasadan, bhiodh barrachd comais againn barrachd maoineachaidh a thoirt don ghluasad bho iasadan gu tabhartasan. Tha an riaghaltas seo mar-thà air tòiseachadh a' gluasad bho iasadan gu tabhartasan le bhith a' tasgadh £38 millean ann an tabhartasan a thoirt a-steach airson suas gu 20,000 oileanach pàirt-

ùine. Bheireadh cumhachdan iasadachd riaghaltais dhuinn barrachd cothrom bun-structar a mhaoineachadh do sgoiltean, colaistean is oilthighean.

Co-obrachadh

Tha mòran dhàimhean stèidheil ann eadar Alba agus an còrr den RA. Mar eisimpleir, bidh Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a' co-obrachadh le buidhnean maoineachaidh eile san RA airson càileachd rannsachaidh a mheasadh. Chan eil adhbhar sam bith carson nach cumadh seo, agus gnìomhan eile den leithid, a' dol ann an Alba neo-eisimeileach, nuair a bha e na leas don luchd-compàirt uile.

Gun teagamh, bhiodh neo-eisimeileachd a' leigeil le daoine a bhith ag ionnsachadh taobh a-muigh na h-Alba, agus co-obrachadh eadar-nàiseanta a dhèanamh ann an rannsachadh agus raointean eile.

